

Bòrd na Gàidhlig

A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Dimàirt 07/11/2023 09.30 – 11.30

Tro Teams

CLÀR-GNOTHAICH

Policy & Resources Committee

Tuesday 07/11/2023 09.30 – 11.30

Via Teams

AGENDA

SEISEAN FOSGAILTE		OPEN SESSION	
1.0	CÙISEAN TÒISEACHAIDH	OPENING ITEMS	
1.1	Fàilte is Leisgeulan	Welcome & Apologies	
1.2	A' nochdadh Chom-pàirtean <i>Bu chòir do Bhuill com-pàirt ionmhasail no neo-ionmhasail a th' aca ann an cùis sam bith air am bithear a' beachdachadh a chlàradh, le bhith a' comharrachadh na puinge buntainniche agus an t-seòrsa com-pàirt a th' aca.</i>	Declarations of Interest <i>Members should declare any financial and non-financial interest they have in the items of business for consideration, identifying the relevant agenda item, and the nature of their interest.</i>	
1.3	GISBE <i>Bu chòir iarrtas sam bith airson puinge an eile a chur fo GISBE a chur gu Cathraiche na Comataidh ron choinneimh.</i>	AOCB <i>Any items for AOCB should be sent for consideration to the Committee Chair prior to the meeting.</i>	
2.0	IONMHAS	FINANCE	
2.1	Airson Fiosrachadh* Aithisg Ionmhais gu 30/09/2023 <i>Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra</i>	For Information* Finance Report to 30/09/2023 <i>Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs</i>	d. 3
2.2	Ri Aontachadh Prìomhachasan Sgeamaichean 2024/45 <i>Steven Kellow, Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan</i>	For Decision 2024/25 Funding Scheme Priorities <i>Steven Kellow, Funding & Projects Manager</i>	d. 6
2.3	Airson Fiosrachadh* Aithris labhairteach air Lionra Oifigearan Coimhearsnachd Gàidhlig <i>Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh</i>	For Information* Verbal report on the Gaelic Community Officers Network <i>Iain MacMillan, Director of Development</i>	
3.0	RIAGHLADH	GOVERNANCE	
3.1	Ri Aontachadh Poileasaidhean Daonna PT1 Poileasaidh Dìon Dàta PT2 Poileasaidh Rianachd Fiosrachaidh is Clàran PT3 Poileasaidh Fhaclan Faire PT4 Poileasaidh airson Tèarainteachd Dhìseatach PT5 Poileasaidh Smachd air Inntreigeadh PT6 Poileasaidh air Post-d agus Cleachdadh an Eadar-Lìn PT7 Poileasaidh Cleachdadh Iomchaidh <i>Karen Nic a' Ghobhainn, Manaidsear Gnìomhan</i>	For Decision HR Policies PT1 Data Protection Policy PT2 Information & Records Management Policy PT3 Password Policy PT4 Cyber Resilience Policy PT5 Access Control Policy PT6 Email and Internet Use Policy PT7 Acceptable Use Policy <i>Karen Smith, Operations Manager</i>	d. 15
4.0	CLEACHDADH	USAGE	
4.1	Ri Aontachadh Planaichean Gàidhlig PT1 PGR024 E04 Comhairle nan Eilean Siar PT2 Freagairt Bhòrd na Gàidhlig air co-chomhairle air ro-innleachd chorporra Comhairle nan Eilean Siar <i>Christie NicIleathain, Manaidsear Planaidh</i>	For Decision Gaelic Language Plans PT1 PGR024 E04 Comhairle nan Eilean Siar PT2 Bòrd na Gàidhlig response to consultation of Comhairle nan Eilean Siar's Corporate Strategy <i>Christie MacLean, Planning Manager</i>	d. 106
4.2	Ri Aontachadh Planaichean Gàidhlig PT1 PGR052 E04 Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba <i>Christie NicIleathain, Manaidsear Planaidh</i>	For Decision Gaelic Language Plans PT1 PGR052 Scottish Parliament Corporate Body <i>Christie MacLean, Planning Manager</i>	d. 175
4.3	Ri Aontachadh Planaichean Gàidhlig PT1 PGR066 E04 Visit Alba <i>Christie NicIleathain, Manaidsear Planaidh</i>	For Decision Gaelic Language Plans PT1 PGR066 E04 Visit Scotland <i>Christie MacLean, Planning Manager</i>	d. 229
4.4	Ri Aontachadh Planaichean Gàidhlig PT1 PGR002 E02 Àrainneachd Eachdraidheil Alba PT2 Fiosrachadh bho Àrainneachd Eachdraidheil Alba mu dhreachd eagrain 2 <i>Christie NicIleathain, Manaidsear Planaidh</i>	For Decision Gaelic Language Plans PT1 PGR002 E02 Historic Environment Scotland PT2 Information from Historic Environment Scotland on the draft second edition. <i>Christie MacLean, Planning Manager</i>	d. 255
5.0	IONNSACHADH	LEARNING	
5.1	Airson Fiosrachadh* Adhartas air fòghlaim àrd-sgoile agus fastadh 's taic do thidsearan	For Information Progress on secondary education and teacher recruitment and support	d. 291

*Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlam**Jennifer McHarrie, Director of Education***6.0 PLANA OBRACH NA COMATAIDH****COMMITTEE WORK PLAN****6.1 Ri Aontachadh****For Decision**

Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
PT1 Plana obrach 2023/24
Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard

Policy & Resources Committee Work Plan d. 294
PT1 Work plan 2023/24
Ealasaid MacDonald, Ceannard

7.0 GNOTHACH IOMCHaidH SAM BITH EILE**ANY OTHER BUSINESS**

Ceann-là na h-ath choinneimh: 06/02/2024

Date for the next meeting: 06/02/2024

8.0 TAISBEANADH**PRESENTATION****Seachdain na Gàidhlig****World Gaelic Week****SEISEAN DÙINTE****CLOSED SESSION***Dùnadh na coinneimh**Close of meeting**Lèirmheas den choinneimh às dèidh làimh**Post-meeting Review of meeting***Pàipearan Fiosrachaidh**

- Tha pàipearan 'Airson Fiosrachadh' airson toirt-fa-near agus chan eil ùine deasbaid no còmhraidh air a chur mun coinneamh sa chlàr-ghnothaich.
- Far a bheil cothrom ann deasbad is còmhradh a chumail air pàipearan 'Airson Fiosrachadh', bidh na pàipearan sin air an comharrachadh le rionnag * air a chlàr-ghnothaich.
- Bidh cothrom aig Buill deasbad iarraidh air pàipearan 'Airson Fiosrachadh' air nach eil rionnag * le bhith a' leigeil fios do Chathraiche a' Chomataidh co-dhiù latha ron choinneimh.
- Far a bheil ceistean aig Buill co-cheangailte ri leithid clàr-ghnìomhan, poileasaidhean, planaichean no cùisean ionmhais a th' anns na pàipearan, thathar gam brosnachadh gus na ceistean sin a chur air post-d gu oifis@gaidhlig.scot co-dhiù dà latha obrach ron choinneimh. Cuiridh an sgioba rianachd a' cheist sin air adhart chun an oifigeir iomchaidh airson freagairt, agus airson a bhith cothromach thèid an fhreagairt a' sgaoleadh air na Buill gu lèir gus am bi an aon thuigse an uair sin aig a h-uile neach.

For Information Papers

- 'For Information' papers are for noting and time for debate or discussion is not allocated in the agenda.
- Where there is an opportunity to debate and discuss 'For Information' papers, these papers will be marked with an asterisk * on the agenda.
- Members will have the opportunity to request a discussion on unstarred 'For Information' papers * by notifying the Chair of the Committee at least one day in advance of the meeting.
- Where Members have questions related to items such as agendas, policies, plans, or financial matters contained in the papers, they are encouraged to email these questions to oifis@gaidhlig.scot at least two working days in advance of the meeting. The administrative team will forward that question to the appropriate officer for an answer, and in the interests of fairness, the answer will be circulated to all Members so that everyone has the same understanding



For	Policy and Resources Committee
Date of Meeting	07/11/2023
Location:	Online
Item on Agenda	2.1

Paper Title	Finance Report to 30 September 2023																			
Recommendation	For Information *																			
Spokesperson	Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs																			
Governance Route	Date of Meeting	Decision																		
Leadership Team	26/10/2023	For Information																		
Appendices:	PT1 – Finance Report																			
1.0	Purpose																			
1.1	To give information to the Committee on the financial position as at 30 September 2023. The paper is in English as it will be presented by the Head of Finance and Corporate Affairs.																			
2.0	Background																			
2.1	Bòrd na Gàidhlig has a total budget of £5,622k for the financial year 2023/24. This is the baseline Grant in Aid (GiA) of £5,179k plus additional GiA for this year of £345k and £98k brought forward from the last financial year. The adjusted high level income and expenditure budgets are detailed below: <table style="width: 100%; border-collapse: collapse;"> <tr> <td style="width: 60%;">Income:</td> <td style="text-align: right;">£m</td> </tr> <tr> <td>Grant-in-aid</td> <td style="text-align: right;">5.524</td> </tr> <tr> <td>Other income</td> <td style="text-align: right;">0.098</td> </tr> <tr> <td>Total</td> <td style="text-align: right;">5.622</td> </tr> <tr> <td colspan="2"> </td> </tr> <tr> <td>Expenditure:</td> <td style="text-align: right;">£m</td> </tr> <tr> <td>Development</td> <td style="text-align: right;">3.790</td> </tr> <tr> <td>Running Costs</td> <td style="text-align: right;">1.832</td> </tr> <tr> <td>Total</td> <td style="text-align: right;">5.622</td> </tr> </table>		Income:	£m	Grant-in-aid	5.524	Other income	0.098	Total	5.622	 		Expenditure:	£m	Development	3.790	Running Costs	1.832	Total	5.622
Income:	£m																			
Grant-in-aid	5.524																			
Other income	0.098																			
Total	5.622																			
Expenditure:	£m																			
Development	3.790																			
Running Costs	1.832																			
Total	5.622																			
3.0	Main Points																			
3.1	To the end of September 2023, total spend was £120k ahead of budget. This was driven by Development cost spend which was overspent by £138k. This was offset by an £18k underspend in running costs to the end of September.																			
4.0	Recommendation																			
4.1	Members are requested to consider the report and note the information.																			
5.0	Main Strategic Impacts																			
5.1	Impact on Finance																			
	As described above.																			

5.2	Impact on Staff			
	N/a			
5.3	Impact on Training			
	N/a			
5.4	Links to Strategic and Corporate Aims			
	This paper supports the Committee in fulfilling the aims for the year.			
5.5	Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta/ Links to the National Performance Framework			
	Our Purpose		Our Values	
	To focus on creating a more successful country with opportunities for all of Scotland to flourish through increased wellbeing, and sustainable and inclusive economic growth		We are a society which treats all our people with kindness, dignity and compassion, respects the rule of law, and acts in an open and transparent way	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Human Rights	<input type="checkbox"/>	Children & Young People	<input type="checkbox"/>
	Culture	<input type="checkbox"/>	Communities	<input type="checkbox"/>
	Environment	<input type="checkbox"/>	Poverty	<input type="checkbox"/>
	Health	<input type="checkbox"/>	International	<input type="checkbox"/>
	Learning	<input type="checkbox"/>	Economy	<input checked="" type="checkbox"/>
	Successful innovative businesses	<input checked="" type="checkbox"/>		
5.6	Buaidhean air Cliù/Impacts on Reputation			
	It is important the BnG continues to demonstrate effective management of its finances.			
5.7	Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd/Impacts on Health and Safety			
	N/a			
5.8	Buaidhean Laghail/Legal Impacts			
	N/a			
5.9	Buaidhean air Co-ionannas/Impacts on Equality			
	N/a			
5.10	Buaidhean air Àrainneachd/Impacts on the Environment			
	N/a			

30 September 2023

TO 30.09.23			
BUDGET	ACTUAL	VAR	VAR
£'000	£'000	£'000	%

Funding brought forward	98	98	0	0%
Grant in Aid	2,450	2,450	0	0%
Other Grant In Aid	99	99	0	0%
Reclaimed Funding	-	7	-7	-100%
TOTAL AVAILABLE BUDGET	2,647	2,654	-7	0%

FULL YEAR PROJECTION						
BUDGET	ACTUAL	ACTUAL + COMMITTED	EAU	FORECAST	VAR	VAR
£'000	£'000	£'000	£'000	£'000	£'000	%

Funding brought forward	98	98	98	-	98	0	0%
Grant in Aid	5,425	2,450	2,450	-	5,425	0	0%
Other Grant In Aid	99	99	99	-	99	0	0%
Reclaimed Funding	-	7	7	-7	-	0	0%
TOTAL AVAILABLE BUDGET	5,622	2,654	2,654	-7	5,622	0	0%

FUNDING /
INCOME

Funding brought forward	
Grant in Aid	
Other Grant In Aid	
Reclaimed Funding	
TOTAL AVAILABLE BUDGET	

EXPENDITURE

Gaelic Usage	
Gaelic Learning	
Gaelic Promotion	
TOTAL DEVELOPMENT COSTS	
Staff Costs	
Other Running Costs	
TOTAL RUNNING COSTS	
TOTAL COSTS	

Gaelic Usage	736	958	222	30%
Gaelic Learning	726	664	-62	-9%
Gaelic Promotion	189	167	-22	-12%
TOTAL DEVELOPMENT COSTS	1,651	1,789	138	8%
Staff Costs	660	652	-8	-1%
Other Running Costs	201	191	-10	-5%
TOTAL RUNNING COSTS	861	843	-18	-2%
TOTAL COSTS	2,512	2,632	120	5%

Gaelic Usage	2,055	958	2,105	46	2,151	96	5%
Gaelic Learning	1,421	664	1,146	181	1,327	-94	-7%
Gaelic Promotion	314	167	257	55	312	-2	-1%
TOTAL DEVELOPMENT COSTS	3,790	1,789	3,508	282	3,790	0	0%
Staff Costs	1,384	652	1,285	98	1,383	-1	0%
Other Running Costs	448	191	337	112	449	1	0%
TOTAL RUNNING COSTS	1,832	843	1,622	210	1,832	0	0%
TOTAL COSTS	5,622	2,632	5,130	492	5,622	0	0%

*Committed funds are those that have had approval, purchase order raised and contract sent to client.

**EAU – expected additional utilisation – funds allocated to a specific project but approval, purchase order and contract not yet in place.



A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	07/11/2023
Àite:	Air MS Teams
Nì a' Chlàir-ghnothaich	2.2

Tìotal a' Phàipeir	Prìomhachasan Sgeamaichean Taic-airgid 2024/25	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Steven Kellow, Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba Stiùiridh	25/10/2023	Ri Aontachadh
Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan	07/11/2023 (Seisean fosgailte)	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Ceangal eadar prìomhachasan nan sgeamaichean is gnìomhan Plana Corporra Bhòrd na Gàidhlig	
1.0	Adhbhar	
1.1	A' sireadh aonta bho Bhuill air na prìomhachasan is riaghailtean air prìomhachasan is bun-riaghailtean airson sgeamaichean taic-airgid Taic Freumhan Coimhearsnachd, Colmcille is Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh 2024/25.	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Tha na trì sgeamaichean taic-airgid seo air a bhith a' ruith airson iomadh bliadhna gus taic a chumail ri iarrtasan bho bhuidhnean coimhearsnachd is eile, is dùil gun tèid na sgeamaichean seo fhoillseachadh airson 2024/25 sna seachdainean a tha romhainn.	
2.2	Thathar an dùil gun tig pàipear dhan ath choinneimh dhen Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan sa Ghearran 2024 gus aonta a shireadh airson prìomhachasan is bun-riaghailtean Maoin Phlanaichean Gàidhlig às dèidh tuilleadh beachdachadh orra sin.	
2.3	Thathar an dùil gum bi na sgeamaichean air a ruith tron phortal tabhartasan Fluxx, is bidh stiùireadh air fhoillseachadh mar chuideachadh do dhaoine iarrtas a chur a-steach, is goireasan ann do dhaoine gus iarrtas a chur a-steach ann an dòighean eile ma tha sin nas fhasa dhaibh.	
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Tha na trì sgeamaichean air ainmeachadh sa phàipear seo a' riochdachadh nam prìomh dhòighean anns a bheil Bòrd na Gàidhlig a' maoineachadh diofar phròiseactan a thaobh a bhith: <ul style="list-style-type: none"> • A' neartachadh cothroman gus Gàidhlig a chleachdadh sa choimhearsnachd (Taic Freumhan Coimhearsnachd) • A' neartachadh cheanglaichean eadar luchd-labhairt na Gàidhlig is Gaeilge (Colmcille) • Trèanadh a thoirt seachad do thidsearan foghlam tro mheadhan na Beurla gus Gàidhlig a theagaisg (Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh) 	
3.2	'S iad gu h-àrd na h-àrd-amasan airson nan sgeamaichean taic-airgid seo, ach leis gach sgeama tha prìomhachasan sònraichte ann (stèidhichte air gnìomhan Plana Corporra làithreach Bhòrd na Gàidhlig mar a tha air ainmeachadh ann am PT1), is oifigearan gan cleachdadh airson na h-iarrtasan a mheasadh.	

3.3	Thathar an dùil gum bi prìomhachasan nan trì sgeamaichean seo gu math coltach ri sgeamaichean 2023/24, ach le atharrachaidhean beaga (gu sònraichte airson Taic Freumhan Coimhearsnachd) gus am bi cothrom ann pròiseactan fad-ùine a choileanadh.						
3.4	Gu h-ìosal gheibhear iomradh air na trì sgeamaichean, le moladh airson clàr-ama, prìomhachasan an sgeama airson 2024/25 agus bun-riaghailtean sònraichte dhan sgeama.						
3.5	<p>Taic Freumhan Coimhearsnachd</p> <table border="1"> <thead> <tr> <th>A' fosgladh</th> <th>A' dùnadh</th> <th>Pròiseactan a' ruith</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>14 Samhain 2023</td> <td>23 Faoilleach 2024</td> <td>Giblean 2024 – Lùnastal 2026</td> </tr> </tbody> </table>	A' fosgladh	A' dùnadh	Pròiseactan a' ruith	14 Samhain 2023	23 Faoilleach 2024	Giblean 2024 – Lùnastal 2026
A' fosgladh	A' dùnadh	Pròiseactan a' ruith					
14 Samhain 2023	23 Faoilleach 2024	Giblean 2024 – Lùnastal 2026					
3.6	Airson a' chiad uair, thathar an dùil gun tèid cothrom a thabhann do bhuidhnean cur a-steach airson pròiseactan 2-bhliadhna tro Thaic Freumhan Coimhearsnachd. Thathar an dùil gun toir seo barrachd seasmhachd do phròiseactan coimhearsnachd is sùbailteachd dhaibh a thaobh planadh nan tachartasan aca.						
3.7	Feumaidh pròiseactan a tha a' cur a-steach airson seo a bhith gu math làidir a thaobh nam pròiseasan aca ge-tà, is sealltainn gu bheil luach an airgid ann le bhith a' dèanamh seo.						
3.8	<u>Tuairmse buidseit bliadhna (a' gabhail a-steach airgead air a ghealltainn airson phròiseactan a-cheana): £100,000 (£200k airson 24-26)</u>						
3.9	<p><u>Prìomhachasan (mar a bha iad ann an 2023/24)</u></p> <ul style="list-style-type: none"> • A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-labhairt de dhiofar aoisean • A' toirt cothrom do dhaoine òga le Gàidhlig an cànan a chleachdadh taobh-a-muigh na sgoile, colaiste no oilthigh • A' cur fòcas air taic a chumail ri sunnd dhaoine tro bhith a' cleachdadh na Gàidhlig • A' brosnachadh no a' cumail taic ri teaghaichean airson Gàidhlig a chleachdadh còmhla no aig an dachaigh • A' cruthachadh chothroman do dh'inbhich gus Gàidhlig ionnsachadh • A' cur Gàidhlig air adhart mar phàirt de chomharrachaidhean agus tachartasan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta 						
3.10	<p><u>Bun-riaghailtean</u></p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha an sgeama fosgailte do bhuidhnean coimhearsnachd agus carthannasan a-mhàin (m.e. chan fhaod daoine fa leth, buidhnean poblach no buidhnean com-pàirteach iarrtasan a chur a-steach) • Chan fhaod buidhnean ach 1 iarrtas a chur a-steach • Chan fhaodar iarrtas a chur a-steach airson còrr is £10,000 (no £5,000 ma tha am pròiseact a' ruith airson ùine nas giorra na 12 mìosan). • Feumaidh gach buidheann co-dhiù 20% de chosgaisean iomlan a chur a-steach (a' gabhail a-steach taic neo-ionmhasail/in-kind, m.e. ùine shaor-thoileach) 						
3.11	<p>Colmcille</p> <table border="1"> <thead> <tr> <th>A' fosgladh</th> <th>A' dùnadh</th> <th>Pròiseactan a' ruith</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>7 Dùbhlachd 2023</td> <td>20 Gearran 2024</td> <td>Giblean 2024 – Lùnastal 2025</td> </tr> </tbody> </table>	A' fosgladh	A' dùnadh	Pròiseactan a' ruith	7 Dùbhlachd 2023	20 Gearran 2024	Giblean 2024 – Lùnastal 2025
A' fosgladh	A' dùnadh	Pròiseactan a' ruith					
7 Dùbhlachd 2023	20 Gearran 2024	Giblean 2024 – Lùnastal 2025					
3.12	Le sgeama Cholmcille am-bliadhna, tha sinn an dùil gum bi riochdaire bho Fhoras na Gaeilge a' cur taic ri measaidhean nan iarrtasan airson eòlas bho thaobh na h-Èirinn a thoirt seachad air na pròiseactan is airson com-pàirteachas Cholmcille a neartachadh.						

3.13	<u>Tuairmse Buidseit (a' gabhail a-steach airgead air a ghealltainn airson phròiseactan a-cheana):</u> £65,000						
3.14	<u>Prìomhachasan (mar a bha iad ann an 2023/24)</u> <ul style="list-style-type: none"> • A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig is na Gaeilge tro na h-ealain • A' cleachdadh dualchas gus coimhearsnachdan Gàidhlig/Gaeilge a thoirt còmhla agus gus inbhe nan cànanan a thogail • A' toirt luchd-labhairt òga na Gàidhlig is na Gaeilge còmhla tro thachartasan no pròiseactan sgoile • A' brosnachadh conaltradh agus a' sgaoileadh eòlas agus deagh chleachdaidhean eadar luchd-labhairt na Gàidhlig agus na Gaeilge • A' cur taic ri ionnsachadh na Gaeilge am measg luchd-labhairt na Gàidhlig (<i>tha foirm-iarrtais eadar-dhealaichte is nas sìmplidhe ann do dhaoine fa-leth airson an taic seo a shireadh</i>) 						
3.15	<u>Bun-riaghailtean</u> <ul style="list-style-type: none"> • Tha an sgeama fosgailte do bhuidheann sam bith (agus do dhaoine fa leth a tha airson taic-airgid a shireadh gus cùrsa Gaeilge a fhrithealadh) • Chan fhaod buidhnean ach 1 iarrtas a chur a-steach • Chan fhaodar iarrtas a chur a-steach airson còrr is £12,500 • Feumaidh gach buidheann co-dhiù 20% de chosgaisean iomlan a chur a-steach (a' gabhail a-steach taic neo-ionmhasail/in-kind, m.e. ùine shaor-thoileach) 						
3.16	<u>Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh</u> 'S e amas an sgeama seo taic a chumail ri ùghdarrasan ionadail gus tidsearan no luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean a tha clàraichte aca a chur air cùrsa bogaidh Gàidhlig gus an urrainn dhaibh teisteanas fhaighinn gus Gàidhlig no cuspairean Gàidhlig a theagasg.						
3.17	Thathar den bheachd gu bheil an t-slighe seo cudromach ann a bhith brosnachadh thidsearan aig a bheil ùidh gluasad eadar foghlam Beurla is foghlam Gàidhlig, is ged nach eil mòran iarrtasan air a bhith ann tron sgeama san dà bhliadhna a dh'fhalbh (cha robh ach 1 iarrtas an-uiridh is cha deach seo air adhart), thathar airson leantainn leis an sgeama.						
3.18	Aig an ìre seo, tha cùrsaichean bogaidh freagarrach airson an sgeama seo ri fhaighinn bho Oilthigh Ghlaschu is Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (tha an fheadhainn seo air an lìbhrigeadh le Sabhal Mòr Ostaig agus OGE a Tuath, an Iar is Innse Gall).						
3.19	Thathar ag amas air 3 thidsearan a thàladh dhan sgeama seo am-bliadhna, is amas nas ìsle leis a seo na bha ann an-uiridh (far an robhar ag amas air 6), ach thathar an dùil barrachd taic a thabhann do dh'ùghdarrasan ionadail leis gu bheil cosgaisean solarachaidh do thidsearan air an dol am meud le àrdachaidhean pàighidh. Thathar cuideachd an dùil an sgeama dùnadh na bu thràithe am-bliadhna gus am bi barrachd àm aig ùghdarrasan ionadail planadh a dhèanamh.						
3.20	<u>Tuairmse Buidseat 2024/25 – £150,000 (is cleachdadh airgead air fhàgail ann an 2023/24 ma tha sin ann)</u>						
3.21	<u>Clàr-ama</u> <table border="1"> <thead> <tr> <th>A' fosgladh</th> <th>A' dùnadh</th> <th>Pròiseactan a' ruith</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>5 Dùbhlachd 2023</td> <td>26 Màrt 2024</td> <td>Lùnastal 2024 – Lùnastal 2025</td> </tr> </tbody> </table>	A' fosgladh	A' dùnadh	Pròiseactan a' ruith	5 Dùbhlachd 2023	26 Màrt 2024	Lùnastal 2024 – Lùnastal 2025
A' fosgladh	A' dùnadh	Pròiseactan a' ruith					
5 Dùbhlachd 2023	26 Màrt 2024	Lùnastal 2024 – Lùnastal 2025					

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.2

3.22	<p><u>Priomhachasan</u></p> <p>San fharsaingeachd thèid iarrtasan freagarrach aontachadh ma tha iad a' leantainn nam bun-riaghailtean, ach ma tha barrachd iarrtasan freagarrach ann na tha comasach dhuinn coileanadh a thaobh buidseat, thèid prìomhachas a chur air iarrtasan bho ùghdarrasan ionadail a tha –</p> <ul style="list-style-type: none"> • A' cur an cèill mar a bhios na tidsearan/luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean seo a' cur gu mòr ri solar foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns an sgìre ùghdarras aca • A' cur an cèill mar a bhios na tidsearan/luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean seo a' cur ris an fheachd-obrach foghlaim Gàidhlig aig an ùghdarras san fharsaingeachd • A' sealltainn mar a bhios an t-suim a tha air sireadh a' toirt seachad deagh luach an airgid airson airgead Bhòrd na Gàidhlig
3.23	<p><u>Bun-riaghailtean</u></p> <ul style="list-style-type: none"> • Faodar suas ri £50k iarraidh uile-gu-lèir, is am figear seo stèidhichte air tuairmse de – <ul style="list-style-type: none"> • Suas ri £43k airson cosgaisean solarachaidh an àite an tidsear a tha air a chur air cùrsa bogaidh (mas e is gur e cùrsa làn-thìde a th' ann) • Suas ri £5k airson àite-fuirich agus cosgaisean siubhail gus an cùrsa a fhrithealadh • Suas ri £2k airson cìsean a' chùrsa • Feumaidh an tidsear a dhol a-steach gu dreuchd teagaisg foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig anns an ath bhliadhna-sgoile às dèidh dhaibh an cùrsa crìochnachadh, is feumaidh an t-ùghdarras ionadail dreuchd den leithid a ghealltainn dhaibh • Feumaidh sgilean Gàidhlig a bhith aig an tidsear a tha co-ionnan ri ìre B1 air sgèile FICE (Frèam Ionnsachaidh Cànanan Eòrpach) ro thoiseach a' chùrsa
3.24	<p>A thuilleadh air na prìomhachasan airson gach sgeama gu h-àrd, bidh oifigearan a' measadh nan iarrtasan a rèir nan slatan-tomhais a leanas mar phàirt de mheasadh an dà sgeama taic-airgid:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Luach an airgid • Comasan gus pròiseactan a libhrigeadh • Comasan gus measadh a dhèanamh air adhartas is buaidh a' phròiseict • Co-obrachadh a tha air a shealltainn eadar buidheann libhrigeadh a' phròiseict is buidhnean eile/ a' choimhearsnachd (<i>slat-tomhais ùr airson 24/25</i>) • Mar a tha am pròiseact mothachail air dleastanasan a thaobh: <ul style="list-style-type: none"> ○ Lùghdachadh buaidh air an àrainneachd ○ Cur ri co-ionannachd chothroman do dhaoine le feart dìonte (a rèir Achd Co-ionannachd 2010) ○ Cur ri cothroman do chlann a tha, no a tha air a bhith, fo chùram (a rèir nan dleastanasan a tha oirnn fo Phlana Pàrantan Corporra Bhòrd na Gàidhlig) • Mar a thathar a' moladh gun tèid aca air taic-airgid a' Bhùird aithneachadh
3.25	<p>Thathar a' cur fàilte air beachdan buill a' Chomataidh air prionnsabalan is riaghailtean an dà sgeama seo.</p>
4.0	Moladh
	Thathar a' sireadh air Buill:
4.1	A' toirt fa-near am fiosrachadh sa phàipear agus PT1.
4.2	Ag aontachadh ris na riaghailtean is prìomhachasan airson nan sgeamaichean taic-airgid Taic Freumhan Coimhearsnachd, Colmille is Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh mar a tha air ainmeachadh.

5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach		
5.1	Buidhean air Ionmhas		
	Bidh na sgeamaichean seo taobh a-staigh buidseatan 2024/25 is 2025/26 (a tha ri aontachadh), is bidh cosgais sam bith a tha dùil a phàigheadh ann am bliadhna-ionmhais 2023/24 taobh a-staigh nam buidseatan gu h-iomlan.		
5.2	Buidhean air Luchd-obrach		
	Bidh luchd-obrach an sàs ann a bhith a' measadh nan iarrtasan, is an uair sin a' cur aontaidhean air dòigh is obair le bhuidhnean a tha soirbheachail.		
	Thathar an dùil gun tèid coinneamhan phoblach a chur air dòigh airson gach sgeama gus am bi cothrom ann do dhaoine fios fhaighinn air na sgeamaichean.		
5.3	Buidhean air Trèanadh		
	Chan eil gin ann.		
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra		
5.4.1	Tha dealbh coileanta ri fhaighinn ann am PT1 air mar a bhios na prìomhachasan a tha air am moladh a' cur ri Plana Corporra làithreach Bhòrd na Gàidhlig.		
5.5	Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta		
	AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus inghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA		
	Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann <input checked="" type="checkbox"/>
	Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan <input checked="" type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input checked="" type="checkbox"/>	Bochdainn <input type="checkbox"/>
	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta <input checked="" type="checkbox"/>
	Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh <input type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach		<input checked="" type="checkbox"/>
5.6	Buidhean air Cliù		
5.6.1	Bidh na sgeamaichean seo a' cur ri cliù na buidhne le TFC is Colmcille mar an dà phrìomh sgeama taic-airgid againn a tha fosgailte do dh'iarrtasan bho choimhearsnachdan, is na Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh mar dhòigh airson taic a chumail ri trèanadh thidsearan.		
5.6.2	Bidh e cuideachd a' cur ri cliù na buidhne gu bheil a' toirt cothrom do bhuidhnean cur a-steach airson airgead dà bhliadhna tron sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd.		
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd		
	Chan eil gin ann.		
5.8	Buidhean Laghail		
	Chan eil gin ann		
5.9	Buidhean air Co-ionannas		
	Thèid measadh a dhèanamh air iarrtasan uile le aon de na slatan-tomhais airson prìomhachas a chur air iarrtasan a tha a' cur air adhart co-ionannas agus cothroman do chlann a tha, no a tha air a bhith, fo chùram, a rèir Plana Pàrantan Corporra aig Bòrd na Gàidhlig.		
5.10	Buidhean air an àrainneachd		
	Thèid measadh a dhèanamh air iarrtasan uile le aon de na slatan-tomhais airson prìomhachas a chur air iarrtasan a tha mothachail air dòighean gus buaidh air an àrainneachd a lùghdachadh.		

Prìomhachasan Sgeamaichean Taic-airgid Bòrd na Gàidhlig 2024/25

Gnìomhan Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23

Taic Freumhan Coimhearsnachd

Colmcille

Tabhartasan
Cùrsaichean
Bogaidh

Cleachdadh na Gàidhlig

U1	A' comharrachadh chnapan-starra, tro rannsachadh, a bhios a' cur bacadh air daoine bho bhith a' cleachdadh na Gàidhlig agus a' dealbh ro-innleachdan a chuireas às dhaibh			
U2	A' dealbh ro-innleachdan a dh'aona-ghnothach airson frithealadh air feumalachdan nan coimhearsnachdan dùthchail is nam bailtean nas motha agus airson brath a ghabhail air na cothroman a th' ann dhaibh, feuch am bi coimhearsnachdan Gàidhlig nas làidire ann	A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-labhairt de dhiofar aoisean	A' cleachdadh dualchas gus coimhearsnachdan Gàidhlig/Gaeilge a thoirt còmhla agus gus inbhe nan cànanan a thogail A' brosnachadh conaltradh agus a' sgaoileadh eòlas agus deagh chleachdaidhean eadar luchd-labhairt na Gàidhlig agus na Gaeilge	
U3	A' cur ris na th' ann de chothroman do dhaoine òga gus sgilean obrach ionnsachadh agus gus cur ri buaidh eaconamach na Gàidhlig, tro cho-obrachadh le buidhnean iomairt is sgilean			
U4	A' toirt taic do bhuidhnean is daoine fa leth airson barrachd chur-seachadan, thachartasan is ghoireasan a chur air dòigh, agus feadhainn nas fheàrr, do dhaoine òga agus a' toirt taic do dh'fheadhainn a thèid a chur air dòigh le daoine òga	A' toirt cothrom do dhaoine òga le Gàidhlig an cànan a chleachdadh taobh-a-muigh na sgoile, colaiste no oilthigh	A' toirt luchd-labhairt òga na Gàidhlig is na Gaeilge còmhla tro thachartasan no pròiseactan sgoile	
U5	A' cur iomairtean air dòigh ann an co-bhuinn ri buidhnean poblach, priobhaideach agus bhon treas roinn a bheir meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach			
U6	A' cuideachadh le bhith a' cur ri comasan, sgilean agus seasmhachd ann an roinn nan ealain		A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig is na Gaeilge tro na h-ealain	

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.2 PT1

Prìomhachasan Sgeamaichean Taic-airgid Bòrd na Gàidhlig 2024/25

Gnìomhan Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23

Taic Freumhan Coimhearsnachd

Colmcille

Tabhartasan
Cùrsaichean
Bogaidh

U7	A' cur barrachd cothroman, is cothroman nas fheàrr, air adhart far am bi teaghlaichean a' cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh aca	A' brosnachadh no a' cumail taic ri teaghlaichean airson Gàidhlig a chleachdadh còmhla no aig an dachaigh		
U8	A' toirt maoineachadh do dh'iomairtean a bhios a' neartachadh beairteas, buntainneas is cunbhalachd a' chànain		A' brosnachadh conaltradh agus a' sgaoileadh eòlas agus deagh chleachdaidhean eadar luchd-labhairt na Gàidhlig agus na Gaeilge	

Ionnsachadh Gàidhlig

L1	A' toirt comhairle seachad air poileasaidhean agus a' toirt stiùireadh don obair gus ro-innleachdan a dhealbhadh airson foghlam na Gàidhlig			
L2	Ag obair còmhla ri buidhnean de phàrantan is buidhnean buntainneach gus fàs a thoirt air FtG			
L3	A' cur iomairtean air dòigh le luchd-compàirt gus barrachd taice a thoirt do theaghlaichean nuair a tha a' chlann aca aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean	A' brosnachadh no a' cumail taic ri teaghlaichean airson Gàidhlig a chleachdadh còmhla no aig an dachaigh		
L4	A' toirt taic do luchd-compàirt gus cothroman ionnsachaidh phroifeiseanta a chruthachadh is a libhrigeadh leis an amas gum bi barrachd luchd-obrach ann agus barrachd sgilean aig luchd-obrach			Sgeama cur taic ris a seo
L5	A' cur tuilleadh ghoireasan do luchd-ionnsachaidh is oidean air dòigh air LearnGaelic.scot ann an com-pàirt le MG ALBA feuch am bi goireasan ann airson ìrean nas adhartache a chuidicheas inbhich gu bhith a' ruighinn fileantachd			

Prìomhachasan Sgeamaichean Taic-airgid Bòrd na Gàidhlig 2024/25

Gnìomhan Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23

Taic Freumhan Coimhearsnachd

Colmcille

Tabhartasan
Cùrsaichean
Bogaidh

L6	A' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cleachdadh teicneòlas ùr gus barrachd dhòighean-ionnsachaidh is dòighean-ionnsachaidh nas èifeachdaiche a thoirt do dh'ìnbhich	A' cruthachadh chothroman do dh'ìnbhich gus Gàidhlig ionnsachadh	A' cur taic ri ionnsachadh na Gaeilge am measg luchd-labhairt na Gàidhlig	
L7	A' toirt taic do chothroman dreuchdail agus ionnsachadh proifeiseanta airson luchd-obrach proifeiseanta is luchd-obrach taice a tha ag obair ann am foghlam, agus a' dèanamh sanasachd air na cothroman is air an ionnsachadh sin	A' cur Gàidhlig air adhart mar phàirt de chomharrachaidhean agus tachartasan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta		Sgeama cur taic ris a seo

A' cur air adhart na Gàidhlig

P1	A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh'Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig			
P2	A' toirt fhreagairtean seachad do cho-chomhairleachaidhean poblach co-cheangailte ri cuspairean no raointean a bhuineas ris a' Ghàidhlig			

Prìomhachasan Sgeamaichean Taic-airgid Bòrd na Gàidhlig 2024/25


Gnìomhan Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23

Taic Freumhan Coimhearsnachd

Colmcille

Tabhartasan
Cùrsaichean
Bogaidh

P3	A' togail bratach na Gàidhlig an lùib thachartasan is iomairtean nàiseanta is eadar-nàiseanta, leithid 'Na Bliadhna airson...', airson dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig na pàirt follaiseach dhiubh	A' cur Gàidhlig air adhart mar phàirt de comharrachaidhean agus tachartasan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta		
P4	A' dèanamh cinnteach gum bi na meadhanan a' tuigsinn agus a' mothachadh do na teachdaireachdan taiceil is brosnachail mun Ghàidhlig			
P5	Ag obair còmhla ri luchd-compàirt airson iomairtean a dhealbh is a chur an gnìomh a bheir taic do dh'ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig	A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-labhairt de dhiofar aoisean		
P6	Ag obair còmhla ri buidhnean foghlaim is leasachadh sgilean gus innse do dhaoine mun àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an Alba, na cothroman obrach a gheibhear leis a' chànan agus na buannachdan a gheibh an luchd-labhairt bhon Ghàidhlig			
P7	A' dealbh ro-innleachdan a nì cinnteach gun dèan Bòrd na Gàidhlig am feum as motha de dh'obair thosgairean na Gàidhlig			

	A' freagairt ri Presenting to:	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
	Ceann-latha na Coinneimh Date	07/11/2023
	Àite Where:	Air MS Teams
	Nì a' Chlàir-ghnothaich Item No:	3.1

Tìotal a' Phàipeir Title of Paper	Poileasaidhean	
Moladh do Bhuill an Sgioba Stiùiridh: Recommendation to SMT:	Airson aontachadh	
Neach labhairt: Presenter	Karen Nic a' Ghobhainn, Manaidsear Gnìomhan	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba Stiùiridh	25/10/23	Airson aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 Poileasaidh Dìon Dàta PT2 Poileasaidh Rianachd Fiosrachaidh is Clàran PT3 Poileasaidh Fhaclan Faire PT4 Poileasaidh airson Tèarainteachd Dhìseatach PT5 Poileasaidh Smachd air Inntreigeadh PT6 Poileasaidh air Post-d agus Cleachdadh an Eadar-Lìn PT7 Poileasaidh Cleachdadh Iomchaidh	
1.0	Adhbhar Purpose	
1.1	Tha a chiad dà phoileasaidh airson stiùireadh a thoirt do luchd-obrach a thaobh dìon dàta agus rianachd fiosrachadh is clàran. Tha na còig eile airson stiùireadh a thoirt do luchd-obrach a thaobh cùisean dìseatach mar faclan faire, tèarainteachd dhìseatach, smachd air inntreigeadh, puist-d agus cleachdadh an eadar-lìn agus cleachdadh iomchaidh.	
2.0	Cùl-fhiosrachadh Background	
2.1	Chaidh am Poileasaidh Dìon Dàta agus am Poileasaidh Rianachd Fiosrachadh is Clàran aontachadh leis an DPO againn Liz Taylor agus aig Sgioba Stiùiridh.	
2.2	Chaidh na poileasaidhean eile uile aontachadh le Paul Mathewson aig Microtech a tha os cionn an cùmhnant againn airson seirbheisean IT.	
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh – Main Points/Information	
3.1	Tha am fiosrachadh gu lèir ri fhaighinn anns na poileasaidhean: PT1 Poileasaidh Dìon Dàta PT2 Poileasaidh Rianachd Fiosrachaidh is Clàran PT3 Poileasaidh Faclan Faire PT4 Poileasaidh airson Tèarainteachd Dhìseatach PT5 Poileasaidh Smachd air Inntreigeadh PT6 Poileasaidh air Post-d agus Cleachdadh an Eadar-Lìn PT7 Poileasaidh Cleachdadh Iomchaidh	
4.0	Moladh – Recommendation	
4.1	Gun tèid am poileasaidh seo aontachadh.	

5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach - Main Impacts		
5.1	Buidhean air Ionmhas – Finance		
	Cha bhi buaidh air ionmhas.		
5.2	Buidhean air Luchd-obrach – Staffing		
	Cha bhi buaidh air luchd-obrach ach bi e feumail an fhiosrachadh a sgaoileadh do luchd-obrach.		
5.3	Buidhean air Trèanadh – Training		
	Cha bhi bhuidhean air trèanadh.		
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra – Corporate Aims and Objectives		
	Tha ùrachadh a’ phoileasaidh a’ cur ris an t-amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a’ leasachadh nan dòighean-obrach aige.		
5.5	Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta – National Framework links		
	AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN
	Fòcas air a bhith a’ cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh’Alba air fad soirbheachadh tro bhith a’ cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus in-ghabhalach		’S e comann-sòisealta a th’ annainn a tha a’ dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a’ toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA National Outcomes		
	Còraichean daonna Wellbeing	<input type="checkbox"/>	Clann - Children <input type="checkbox"/>
	Cultar - Culture	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan - Community <input type="checkbox"/>
	Àrainneachd - Environment	<input type="checkbox"/>	Bochdainn - Poverty <input type="checkbox"/>
	Slàinte - Health	<input type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta - International <input type="checkbox"/>
	Foghlam Education	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh Economy <input type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach - business innovation		<input checked="" type="checkbox"/>
5.6	Buidhean air Cliù - Reputational		
	Cha bhi buaidh air cliù.		
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd – Health and Safety		
	Cha bhi buaidh air slàinte is sàbhailteachd.		
5.8	Buidhean Laghail – Legal Implications		
	Cha bhi buaidh laghail ann.		
5.9	Buidhean air Co-ionannas – Equalities		
	Cha bhi buaidh air co-ionannas.		
5.10	Buidhean air an àrainneachd - Greening		
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.		